

Foghlam nam Bodhar ann an Alba agus sa Chuimrigh

Geàrr-chunntas

Rob Wilks

Rachel O'Neill

1 Facal-tòiseachaidh

Chaidh a' chiad sgrùdadh buaidh neo-eisimeileach air Achd Cànan Soidhnidh Bhreatainn (Alba) 2015, *Buaidh Achd Cànan Soidhnidh Bhreatainn (Alba) 2015 air foghlam nam bodhar* fhoillseachadh san t-Samhain 2021 gus cur ri ath-sgrùdadh air a' chiad phlana nàiseanta BSL Albannach, agus gus deasbad a thogail am measg phàrantan, thidsearan, bhuidhnean agus dhaoine bodhar òga iad fhèin mu na h-atharrachaidhean a tha an Achd air dèanamh gu ruige seo a thaobh an cuid foghlaim. Rinn an aithisg 14 molaidhean airson prìomh luchd-ùidh a tha an sàs ann am buileachadh na h-Achd, a' gabhail a-steach deasbad poblach a thaobh togail cànanain agus beachdan binearaidh (cainnt no BSL), conaltradh le teaghlaichean chloinne bhodhair agus dhaoine bodhar òga, follaiseachd a thaobh maoineachadh bhuidhnean san treas roinn, àrdachadh anns na tha ri fhaighinn de chùrsaichean BSL agus leasachadh ann a bhith a' toirt seachad susbaint BSL air làraichean-lìn.

Cha deach rannsachadh sam bith a dhèanamh ge-tà a' coimhead air beachdan an luchd-ùidh air foghlam chloinne is dhaoine òga a tha bodhar sa Chuimrigh agus tha an aithisg seo ann gus aghaidh a chur air a' mhì-chothromachadh seo gu ìre, agus faodar coimeasan inntinneach a dhèanamh eadar dòighean-obrach na Cuimrigh agus na h-Alba a thaobh BSL mar chànan.

Tha fios againn gun robh foghlam cudromach gu h-eachdraidheil ann a bhith a' comasachadh aona-chànanas, agus uaireannan, a bhith ga sparradh air clann, agus mar sin, tha sinn a' gabhail iongnadh an gabhadh foghlam a chleachdadh gu h-èifeachdach gus mion-chànan leithid BSL a bhrosnachadh, gu h-àraidh leis gu bheil sgoiltean a' brosnachadh an eòlais chultarail is chànanaich a thathar a' sùileachadh a bu chòir a bhith aig clann sa chumantas. Seo na tha air tachairt leis a' Chuimris agus a' Ghàidhlig. An gabhadh BSL ath-bheothachadh cuideachd tro shiostam na sgoile? Fo Churraicealam Sàr-mhathais na h-Alba agus Cwricwlwm i Gymru/Curraicealam ùr na Cuimrigh tha e coltach gum faodar BSL a theagasg do chlann bodhar is neo-bhodhar, ged nach eil iad a' toirt còir sam bith do chloinn bhodhair BSL ionnsachadh san sgoil. Tha poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, Ionnsachadh Cànanain ann an Alba: Dòigh-obrach 1+2, ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile pàiste nuadh-chànan ionnsachadh (ris an canar L2) bho BS1 gu deireadh foghlam

farsaing coitcheann (ÀS3). A bharrachd air sin, tha còir aig gach pàiste dàrna nuadh-chànan ùr ionnsachadh (ris an canar L3) bho BS5 air adhart. Anns a' Chuimrigh, tha Curraicealam na Cuimrigh a' toirt teagasg na Cuimris agus nan nuadh-chànanan cèin còmhla gus dòigh-obrach ioma-chànanach a bhrosnachadh a thaobh ionnsachadh chànanan sa Chuimrigh.

'S e an diofar eadar Cuimris, Gàidhlig agus BSL, ge-tà, gu bheil 'inbhe dhùbailte' aig BSL, a tha a' ciallachadh gu bheil luchd-cleachdaidh BSL air am faicinn an dà chuid mar bhuidheann ciorraim agus mar bhuidheann mion-chànain. Chan eil teagamh sam bith ann nach bi seo a' toirt buaidh air beachdan proifeiseantaich mheidigeach agus foghlaim a tha an sàs ann am foghlam clann bodhar. Leis nach e BSL cànan na dachaigh airson 94% de na teaghlaichean, gu tric chan eil mòran fios aig pàrantan mun chànan nuair a dh'ionnsaicheas iad gu bheil am pàiste bodhar.

2 Amasan an rannsachaidh

B' i a' phrìomh cheist rannsachaidh:

Ciamar a tha dòigh-obrach riaghaltasan tiomnaichte na h-Alba agus na Cuimrigh a thaobh planadh cànan a' cumail taic ri brosnachadh BSL ann am foghlam nam bodhar?

Chaidh seo a bhriseadh sìos ann am fo-cheistean mar a leanas:

- a) Dè an dòigh/dè na dòighean-obrach a th' aig Alba agus a' Chuimrigh a thaobh planadh cànan san fharsaingeachd?
- b) Ciamar a libhrigeas Alba agus a' Chuimrigh na cumhachdan tiomnaichte a thaobh foghlam, agus gu sònraichte a thaobh foghlam nam bodhar?
- c) Dè an comas airson dà-chànanas a th' ann san dà nàisean a thaobh BSL?
- d) Ciamar a tha Alba agus a' Chuimrigh a' coimhead air BSL a thaobh còraichean *bodhar-ciorramach* agus *mion-chànain*?
- e) Dè an ìre 's gu bheil am paradigm *bodhar-ciorramach* a' mairsinn ann an Alba agus sa Chuimrigh ann an co-theacs foghlam nam bodhar?
- f) Ciamar a tha luchd-ùidh a' faicinn àite nam buidhnean nàiseanta, ùghdarrasan ionadail, pàrantan, colaistean, oilthighean, pàrantan na

cloinne bodhair agus na roinn saor-thoilich a thaobh cleachdadh BSL agus comas dà-chànanach na cloinne bodhair.

3 Dòighean-obrach

Chaidh 19 agallamhan a dhèanamh le 21 com-pàirtiche uile gu lèir le seirbheisich chatharra Riaghaltas na h-Alba agus na Cuimrigh, riochdairean bho bhuidhnean poblach nàiseanta, oifigearan comhairle, riochdairean colaiste agus oilthigh, teaghlach le clann bhodhar, daoine bodhar òga, Tidsearan nam Bodhar agus luchd-obrach san treas roinn (faic Clàr 1).

| Seòrsa neach-ùidh | Àireamh agallamhan | |
|-----------------------------|--------------------|----------------|
| | Alba | A' Chuimrigh |
| Seirbheisich chatharra | 1 | 1 |
| Colaistean agus oilthighean | 1 | 1 |
| Ùghdarrasan ionadail | 2 | |
| Buidhnean poblach nàiseanta | 3* | |
| Luchd-teagaisg nam Bodhar | 2 | 2 |
| Buidhnean treas roinn | 2 ^T | 4 ^T |
| Iomlan | 11 | 8 |

Clàr 1: Àireamh nan agallamhan le luchd-ùidh

* Bha dìthis a' riochdachadh aon bhuidheann poblach nàiseanta aig fear de na h-agallamhan sin

^T Bha trì ùir riochdairean ann an aon bhuidheann a' riochdachadh Alba agus a' Chuimrigh eatorra ann am fear de na h-agallamhan sin

Tro mhion-sgrùdadh air dàta nan agallamhan, chruthaich sinn trì cuspairean farsaing a chuidich sinn le bhith a' tuigsinn suidheachadh BSL agus na cloinne bodhair san t-siostam foghlaim sa Chuimrigh agus ann an Alba:

1. na diofar bhun-bheachdan air BSL mar chànan;
2. na beàrnannan ann an solar anns na tràth-bhliadhnaichean, a tha ro-chudromach do chlann bhodhar; agus


3. dìth ghoireasan gus dà-chànanas BSL agus Beurla a ghluasad air adhart airson clann bhodhar anns an dà dhùthaich.

Lorg sinn cuideachd fianais air na tèaman a chaidh a chomharrachadh sa chiad ìre den phròiseact rannsachaidh seo: dà-/ioma-chànanas, poileasaidh cànanain, beachdan cànanain agus Achd Cànan Soidhnidh Bhreatainn (Alba) 2015.

4 Toraidhean nan agallamhan

Tha geàrr-chunntas de thoraidhean nan agallamhan ann an cruth diagramach ann an Clàr 2.

Bha mar a bha daoine a' coimhead air BSL mar chànan gu soilleir a rèir cò ris a chaidh agallamh a chumail agus bha e an crochadh air co-dhiù bha daoine a' coimhead air BSL mar chànan neo mar inneal conaltraidh do dhaoine bodhar. Chaidh agallamhan a dhèanamh le measgachadh de dhaoine bhodhar is neo-bhodhar, agus chunnacas gun robh diofar bheachdan eatorra, mar a bha fìor cuideachd eadar luchd-obrach aig àrd-ìre agus aig meadhan-ìre gu ìre-ìosal. Bha e follaiseach gun robhar a' meas BSL mar chànan aig an ìre as àirde, is e sin seirbheisich chatharra an riaghaltais agus buidhnean poblach nàiseanta, ach bha daoine nas buailtiche a bhith a' coimhead air BSL mar inneal conaltraidh bho mheadhan-ìre (ùghdarrasan ionadail) agus ìre ìosal (Tidsearan nam Bodhar). Mar an ceudna, bha barrachd mothachaidh air poileasaidh cànanain agus còir air cànan, 's e sin ri ràdh, Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne, aig àrd-ìre, ach bha nas lugha de mhothachadh aig na h-ìrean as ìsle, agus bha barrachd tuigse mothachaidh air poileasaidh cànanain am measg riochdairean na treas roinne. A dh'aindeoin sin, aig an ìre-mheadhanach agus ìosal, bha beachdan fàbharach ann a thaobh BSL sa chumantas, ach a bharrachd air seo bha seo bha 'an-fhois' agus iomagain aig Luchd-teagaisg nam Bodhar, agus dìth mothachaidh ann an ùghdarrasan ionadail mun ùine a bheir e gus cànan ionnsachadh. Uile gu lèir, bha e soilleir gun robh an fheadhainn aig ìre mheadhanach agus ìre ìosal buailteach a bhith a' frèamadh clann bhodhar a rèir an inbhe eòlais-èisteachd (*audiological*), agus ged a tha slàinte – gu sònraichte eòlas-èisteachd – taobh a-muigh foghlaim, tha e soilleir gu bheil i a' toirt buaidh mhòr air obair Luchd-teagaisg nam Bodhar agus dh'fhaodhte gu bheil seo na h-adhbhar airson an cuid bheachdan a thaobh BSL.



Clàr 2: Toraidhean nan agallamhan

Tha argamaid shoilleir ann gus ionnsachadh BSL do na teaghlaichean aig cloinn bhodhar a chur air stèidh fhoirmeil. Tha gainnead mòr ann de thidsearan le teisteanas no trèanadh gus BSL a theagasg an dà chuid anns a' Chuimrigh agus ann an Alba, agus a bharrachd air seo tha dìth chùrsaichean BSL agus cùrsaichean sònraichte a leigeas le clann BSL ionnsachadh ann an co-theacs a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais no Curraicealam na Cuimrigh. Faodar mòran ionnsachadh bho na h-oidhirpean gus comas-libhrigidh a thogail airson na Gàidhlig agus na Cuimris san dòigh seo, agus bha eisimpleirean ann de dh'ionnsachadh cànan ann an sgoiltean tro bhith ag obair ann an com-pàirteachas le sgoiltean eile, ùghdarrasan ionadail agus oilthighean agus a bhith cleachdadh 'luchd-teagaisg sgìreil'. Chaidh a dhèanamh soilleir aig an àm nach robh fios cia mheud neach-teagaisg BSL a th' ann san Rìoghachd Aonaichte, rud a tha na dhùbhlann airson planadh feachd-obrach.


Ma ghabhas e dhèanamh, bu chòir do dhaoine bodhar BSL a theagasg, ach mar a thuirt aon riochdaire aig buidheann phoblach nàiseanta: tha ceist comais-libhrigidh ann, agus tha eachdraidh acadaimigeach agus eòlas neo-thraidiseanta aig daoine bodhar a tha ga dhèanamh duilich dhaibh teisteanasan teagaisg fhaighinn agus inbhean a choileanadh. Bha beagan deasbaid ann cuideachd mu 'ionad sàr-mhathais' airson BSL.

Bha Luchd-teagaisg nam Bodhar ris an deach agallamhan a dhèanamh gu soilleir den bheachd nach robh iad freagarrach gus BSL a theagasg, ged a bhiodh dùil ann gum biodh iad a' teagasg clann bodhar gu dà-chànanach. Tha seo a' ciallachadh gu bheil feum air àrdachadh sgilean ann am proifeisean Teagasg nam Bodhar, a bharrachd air àrdachadh ann an ìrean trèanaidh is trusaidh.

Feumar stuthan teagaisg a chruthachadh gu sònraichte airson curraicealaman na h-Alba agus na Cuimrigh, a tha do chloinn seach do dh'inbhich. Chaidh argamaid làidir a dhèanamh airson deuchainn GCSE (no Nàiseanta 5 ann an Alba) airson BSL agus bha aon chom-pàirtiche den bheachd gum broснаicheadh seo barrachd maoineachaidh agus ghoireasan gus BSL a theagasg do gach buidheann bliadhna ann an sgoiltean.

A thaobh solar tràth-bhliadhnaichean, feumaidh bun-ìre de theisteanasan a bhith aig stiùirichean agus luchd-obrach, agus dh'fhaodadh riatanas gus BSL ionnsachadh a bhith mar phàirt de seo.

Mu dheireadh, feumar maoinachadh a chur an sàs gus a h-uile rud gu h-àrd a choileanadh. Gu ruige seo, chan eil e coltach gun robh oidhirp shònraichte riamh aig Riaghaltas na h-Alba no na Cuimrigh gus airgead a riarachadh gu sònraichte do BhSL, ged a tha slighean-maoineachaidh ann airson na Gàidhlig agus na Cuimris a ghabhadh cleachdadh airson BSL gu furasta cuideachd. Dh'fhaodadh gur e seo an t-slighe air adhart gus dèanamh cinnteach gu bheil an comas-lìbhrigidh air a thogail gus BSL a libhrigeadh ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile agus àrd-sgoile, agus gus sgilean luchd-teagaisg nam bodhar àrdachadh



Clàr 3: Goireasan

5 Molaidhean

Às dèidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidheann a tha aig a' Phlana Nàiseanta air foghlam bodhar, gu sònraichte na ceistean, na fàilligidhean agus na soirbheasan aige, rinn sinn 14 molaidhean ann an Ìre 1 den phròiseact seo, agus bu mhath leinn na molaidhean a leanas a chur riutha, air an cruinneachadh fo chòig cuspairean.

Tràth-bhliadhnaichean

1. A' cleachdadh modail Cymraeg i Blant aig Mudiad Meithrin, bu chòir buannachdan BSL agus oide-eòlais cànan airson clann bodhar a bhith air an toirt a-steach do thrèanadh mnathan-glùine, luchd-tadhail slàinte, sgrìonadh èisteachd nan ùr-bhreith, comhairlichean-meidigeach cluais, sròn is amhaich, luchd-obrach ionad nan ion-phlanntas (*implants*) cochlear agus roinnean eòlas-èisteachd sa Chuimrigh agus an Alba.
2. Bu chòir proifeisean ùr de Theiripichean BSL a chruthachadh gus taic a chumail ri clann bodhar òga agus clann a gheibh diagnosachd anmoch agus an fheadhainn nach do shoirbhich ro mhath a' cleachdadh dòighean cainnt a-mhàin.
3. Bu chòir maoinachadh a bhith ann do luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean a tha ag obair ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne gus BSL fileanta ionnsachadh (gu SCQF 6 no Signature/iBSL Ìre 3).
4. Bu chòir maoinachadh agus cothroman ionnsachaidh a bhith ann gus an urrainn do phàrantan agus teaghlaichean aig clann bodhar cothrom fhaighinn air ionnsachadh BSL.

Oide-eòlasan cànan

5. Tha sinn a' moladh gun stèidhich institiudan foghlaim àrd-ìre ann an Alba agus sa Chuimrigh buidheann-obrach gus beachdachadh air cùrsaichean oide-eòlasan cànan a chruthachadh le slighean Cuimris, Gàidhlig agus BSL, a' cleachdadh dòigh-obrach aonaichte gus dèiligeadh ri cùisean coitcheann co-cheangailte ri foghlam dà-chànanach agus a bhith a' teagasg chànanan eadar-nàiseanta agus 1+2.

Luchd-teagaisg BSL

6. Bu chòir do Riaghaltasan na Chuimrigh is na h-Alba eacarsaich mapaidh a choimiseanadh gus faighinn a-mach cia mheud thidsear BSL a tha ag obair sa Chuimrigh agus ann an Alba aig an àm seo gus faighinn a-mach cho mòr sa tha a' bheàrn theisteanasan agus sgilean a thaobh teagasg BSL.

7. Bu chòir leudachadh a dhèanamh air cùrsaichean cànan fo-cheum is fo-cheum gus cothroman a thoirt do dhaoine fileantachd a thogail ann am BSL, cùrsaichean trànaidh tùsail nan tidsearan a tha a' gabhail a-steach BSL mar chuspair agus cùrsaichean trànaidh leasachadh leantainneach proifeiseanta do thidsearan a tha teisteanach mar-thà, agus bu chòir goireasan a chruthachadh gus cur ri cùrsaichean trànaidh den t-seòrsa seo.
8. Gus an tèid solar den aon seòrsa a stèidheachadh sa Chuimrigh, bu chòir do Riaghaltas na Cuimrigh àiteachan a mhaoineachadh do cheathrar oileanach gach bliadhna gus Foghlam Bun-sgoile le BSL a dhèanamh ann an Oilthigh Dhùn Èideann.
9. Bu chòir Riaghaltasan na Cuimrigh agus na h-Alba maoinachadh a thoirt seachad airson tìde dheth pàighe do thidsearan theisteanach gus BSL ionnsachadh.
10. Gus smaoineachadh agus obair nas co-òrdanaichte a chur air dòigh, bu chòir do lionraidhean a th' ann mar-thà airson Luchd-teagaisg BSL, tidsearan a tha bodhar agus Tidsearan nam Bodhar a bhith ag obair còmhla. Tha na lionraidhean sin a' gabhail a-steach Buidheann Luchd-teagaisg Bodhar na h-Alba, Comann Luchd-teagaisg nam Bodhar Bhreatainn, Tidsearan b/Bodhar nam Bodhar, Comann Thidsearan is Mheasadairean BSL, Co-bhanntachd Soidhnidh Dà-chànanach agus Sensory Centre na h-Alba.
11. Bu chòir cothrom a bhith aig lionraidhean solarachaidh cànan Cuimris, Gàidhlig agus BSL a bhith ag obair còmhla gus dèiligeadh ri cùisean a tha sa chumantas ann am foghlam tro mheadhan na Cuimris, na Gàidhlig agus BSL.

Luchd-teagaisg nam Bodhar

12. Bu chòir Riaghaltas na Cuimrigh obair ann an com-pàirteachas le solaraichean theisteanas Teagasg nam Bodhar gus barrachd chothroman a chruthachadh do thidsearan (cànan) gus teisteanas fhaighinn mar Thidsear nam Bodhar, le sùil cùrsa Teagasg nam Bodhar a chruthachadh sa Chuimrigh.
13. Bu chòir Riaghaltasan na Cuimrigh agus na h-Alba airgead a thoirt seachad gus bliadhna dheth le pàigheadh gus cànan ionnsachadh a thoirt do luchd-teagaisg nam bodhar gus BSL ionnsachadh.

Poileasaidh cànan

14. Tha sinn a' cur ìmpidh air Riaghaltas na h-Alba na molaidhean seo agus na molaidhean a tha air am mìneachadh ann an aithisg Ìre 1 a chur anns an dàrna Plana Nàiseanta BSL airson na h-Alba airson 2024 gu 2030.

6 Na h-ath cheuman

Tha e follaiseach gu bheil tòrr ri dhèanamh gus foghlam bodhar ann an Alba agus sa Chuimrigh a leasachadh, agus gus comas-lìbhrigidh airson ionnsachadh BSL àrdachadh san fharsaingeachd. Tha e ro-chudromach gum bi barrachd smaoinichaidh co-cheangailte ann air feadh na roinne, agus tha sinn a' moladh gun tèid co-labhairt foghlam nam bodhar a chur air dòigh aig ìre na RA air fad airson 2023 no 2024 far am bu chòir cuireadh a thoirt do luchd-ùidh aig gach ìre gus eòlas, oide-eòlas cànanain agus deagh chleachdadh a cho-roinn.

Tha feum air barrachd rannsachaidh cuideachd air dè a bhuaidh a th' aig a bhith a' teagasg clann bodhar ann an cànan anns nach eil iad buileach fileanta fhathast air an ruigsinneachd aca air a' churraicealam gus barrachd taic a thoirt dhan argamaid a bhith a' toirt a-steach BSL ann am foghlam chloinne bodhar.